



Higher
Course
Specification



Sònrachadh Cùrsa Nuadh-eòlas Àrd Ìre (C775 76)

Bhon Lùnastal 2014

An deasachadh seo: Sultain 2014, dreach 1.2

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA: www.sqa.org.uk.

Thoir fa-near nota air atharraichean aig deireadh Sònrachadh a' Chùrsa seo airson mion-fhiosrachadh mu atharraichean bhon dreach eile (far a bheil seo iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2014

Cnàmhan a' Chùrsa

Tìotal a' Chùrsa: Nuadh-eòlas Àrd Ìre

SCQF: ìre 6 (24 puingeann creideis SCQF)

Còd a' Chùrsa: C775 76

Aonadan Riatanach

H4W9 76 Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte (Àrd Ìre) **
6 puingeann creideis SCQF

H4WA 76 Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte (Àrd Ìre)
6 puingeann creideis SCQF

No

H8VN 76 Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte
Le Co-theacsa Albannach (Àrd Ìre) *

6 puingeann creideis SCQF

H4W9 76 Cùisean Eadar-nàiseanta (Àrd Ìre)
6 puingeann creideis SCQF

Measadh Cùrsa

6 puingeann creideis SCQF

Tha sia puingeann creideis SCQF sa Chùrsa seo gus ùine a bharrachd a chheadachadh airson ullachadh mu choinneamh measadh a' Chùrsa. Tha measadh a' Chùrsa a' còmhach luach-leasaichte a' Chùrsa. Tha fiosrachadh a bharrachd mu mheasadh a' Chùrsa ri fhaighinn san earrainn air Measadh.

*Aonad a' cur ri Duais Eòlas na h-Alba. Bu chòir an Sònrachadh Cùrsa seo a leughadh còmhla ris an t-Sònrachadh Aonaid bhuntainneach airson Eòlas na h-Alba air [làrach-lìn Duais Eòlas na h-Alba](#).

**Aonad a' Cur ri Duais Eòlas na h-Alba.

Ìre tòiseachaidh

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, bhiodh dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse riatanach fhaighinn bho na teisteanasan a leanas no feadhainn cho-ionann, agus/no eòlas:

Cùrsa Nuadh-eòlas Nàiseanta 5 no Aonadan buntainneach bhon Chùrsa

Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe air adhart gu:

- ◆ Cùrsa Nuadh-eòlas Àrd Ìre Adhartach no Aonadan bhon Chùrsa
- ◆ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh.

Tha tuilleadh mion-fhiosrachaidh anns an earrainn air Feallsanachd.

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Tha an Sònrachadh Cùrsa seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth a thoirt fa-near nuair a thatar a' planaigeadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' cnuasachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notaichean-taic a' Chùrsa* agus air *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*.

Feallsanachd

Tha na Cùrsaichean Nàiseanta ùra agus ùraichte uile a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tairgsinn sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, fòcas nas fheàrr air sgilean agus a' cleachdadh ionnsachadh, agus cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Anns a' Chùrsa seo, agus na h-Aonadan a tha nam pàirt dheth, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus cleachdadh nan sgilean sin. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, freagarrach agus a' cur air adhart sàr chleachdadh, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh na h-ìrean as àirde a tha nan comas a ruighinn.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh cumail orra a' faighinn agus a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir comasachdan, cho math ri sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùbhlàn agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson an raoin cuspair.

Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais

Tha an Cùrsa Nuadh-eòlais a' togail air prionnsapalan agus cleachdadh airson raon curraicealaim eòlas sòisealta.

Brosnaichidh an Cùrsa Nuadh-eòlais luchd-ionnsachaidh gus beachdan cudromach a leasachadh, a' gabhail a-steach: inntinn fhosgailte agus spèis do luachan, creideasan agus cultaran dhaoine eile; a bhith fosgailte do smaoineachadh agus bheachdan ùra; mothachadh air dleastanas agus saoranachd chruinneil.

Bheir an Cùrsa seo tuigse nas fheàrr do luchd-ionnsachaidh air an t-saoghal cho-aimsireil agus an àite fhèin ann. Tro bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh na ceithir comasachdan ann an iomadh dòigh. Mar eisimpleir, thèid sealladh an luchd-ionnsachaidh a leudachadh agus bidh dùbhlàn romhpa coimhead air an t-saoghal ann an dòighean ùra. Fàsaidh a' mhisneachd aca nuair a thòisicheas iad a' tuigsinn barrachd mun dearbh-aithne fhèin agus mun àite fhèin san t-saoghal cho-aimsireil. Togaidh luchd-ionnsachaidh frèam de eòlas agus tuigse shòisealta, phoilitigeach agus eaconamach a chuidicheas iad gus mothachadh fhaighinn air saoranachd earbsach.

Bheir an obair rannsachaidh agus breithneachaidh sa Chùrsa seo eòlas cudromach do luchd-ionnsachaidh a thaobh a bhith a' cur ri obair-buidhne agus cuideachd a bhith ag obair air an ceann fhèin. Gheibh luchd-ionnsachaidh buadhan a bhios cudromach airson am beatha agus an obair. Tro sgilean agus susbaint a' Chùrsa seo, gheibh luchd-ionnsachaidh barrachd tuigse air an t-siostam phoilitigeach dheamocratach agus an àite fhèin ann, cho math ri mothachadh air saoranachd earbsach. Leis gum bi

cuideam air luachadh tòrr stòran eadar-dhealaichte agus dèanamh cho-dhùnaidhean, thèid sgilean smaoineachaidh a leasachadh. Bidh luchd-ionnsachaidh cuideachd a' sìor leasachadh sgilean ann an litearrachd le bhith a' cleachdadh agus a' taisbeanadh

fiosrachadh ann an caochladh dhòighean; agus sgilean ann an àireamhachd le bhith a' luachadh fiosrachadh àireamhach agus grafaigeach.

Adhbhar agus amasan a' Chùrsa

Fosglaidh Nuadh-eòlas saoghal comann-sòisealta co-aimsireil do luchd-ionnsachaidh.

'S e adhbhar Nuadh-eòlais eòlas agus tuigse an neach-ionnsachaidh a leasachadh a thaobh chùisean poilitigeach agus sòisealta co-aimsireil ann an co-theacsaichean ionadail, ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte agus gu h-eadar-nàiseanta. Anns na co-theacsaichean sin, gheibh luchd-ionnsachaidh mothachadh air na cùisean sòisealta agus poilitigeach a choinnicheas iad nam beatha. Thèid an t-adhbhar seo a thoirt gu buil tro bhith a' dèanamh nan trì Aonadan gu soirbheachail.

Tron Chùrsa seo, gabhaidh luchd-ionnsachaidh sgrùdadh ciallach air comann-sòisealta co-aimsireil os làimh, agus thèid togail air na h-aon bhun-bheachdan agus cuspairean tarsainn air na h-Aonadan. Leasaichidh an Cùrsa na sgilean a chuidicheas luchd-ionnsachaidh gus na pròiseasan sòisealta agus poilitigeach a choinnicheas iad an-dràsta agus san àm ri teachd eadar-mhìneachadh, agus pàirt a ghabhail annta.

Tha Nuadh-eòlas a' cur gu sònraichte ris a' churraicealam le bhith a' cur nan saidheansan sòisealta – poilitigs, soiseòlas agus eaconamas – gu feum agus, far a bheil sin iomchaidh, beachdan co-cheangailte air an toirt bho chuspairean sòisealta eile. Mar sin, 's e dòigh-obrach ioma-chuspaireil a th' aige.

'S iad prìomh amasan Nuadh-eòlais gun leasaich luchd-ionnsachaidh:

- ◆ grunn sgilean rannsachaidh, mion-sgrùdaidh agus luachaidh
- ◆ tuigse air a' phròiseas dheamocratach agus air cùisean poilitigeach iom-fhillte
- ◆ tuigse air cùisean sòisealta agus eaconamach iom-fhillte aig ìrean ionadail, Albannach, nàiseanta agus eadar-nàiseanta, agus dòighean air coinneachadh ri feumalachdan agus neo-ionannachdan
- ◆ tuigse air beachdan eadar-dhealaichte air an ìre dham bi an stàit an sàs ann an comann-sòisealta
- ◆ tuigse air coltas agus pròiseasan rèiteach-còmhstri
- ◆ tuigse air cho cudromach 's a tha còraichean agus dleastanasan daonna agus laghail agus mar a thatar gan cleachdadh ann an comainn-shòisealta eadar-dhealaichte.

Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh àbhaisteach a dhèanadh an Cùrsa

Tha an Cùrsa seo freagarrach airson luchd-ionnsachaidh eadar-dhealaichte, bhon fheadhainn a tha ag iarraidh tuigse fhaighinn air comann-sòisealta co-aimsireil agus air an àite aca fhèin ann, gu luchd-ionnsachaidh a tha airson a dhol air adhart gu trèanadh nas speisealaichte no gu foghlam adhartach no cosnadh.

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, 's dòcha gum bi e feumail do luchd-ionnsachaidh na sgilean agus an t-eòlas a dh'fheumar airson Cùrsa Nuadh-eòlas Nàiseanta 5 no teisteanasan co-ionann a bhith aca.

Le bhith a' coileanadh a' Chùrsa seo gu soirbheachail leasaichidh luchd-ionnsachaidh grunn sgilean cudromach a ghabhas toirt tarsainn, a' gabhail a-steach: a' rannsachadh, a' tuigsinn agus a' cleachdadh sreath mhòr de dh'fhiosrachadh/fhianais air cùisean co-aimsireil; a' luachadh, a' mion-sgrùdadh agus a' co-chur fianais gus dèanamh a-mach agus a mhìneachadh cho neo-eisimeileach 's a tha i; a' dèanamh cho-dhùnidhean agus a' tighinn gu co-dhùnidhean agus gan dìon le fianais thaiceil; a' cur argamaidean iom-fhillte ri chèile ann an dòigh cothromach le structar; agus a' cur bheachdan, bharailean, agus cho-dhùnidhean stèidhte air fianais an cèill, ann an caochladh dhòighean.

Tha Aonadan agus Cùrsaichean Nuadh-eòlais gan tabhann bho SCQF ìre 3 gu SCQF ìre 7. Gabhaidh adhartas dìreach a dhèanamh tro na h-ìrean de theisteanasan Nuadh-eòlais agus tarsainn gu teisteanasan eile san t-sreath de Chùrsaichean ann an Eòlas Sòisealta.

Le teisteanas ann an Cùrsa Nuadh-eòlas Àrd Ìre gheibhear a-steach gu foghlam adhartach agus àrd-ìre agus gu mòran chosnaidhean agus dhreuchdan eadar-dhealaichte.

Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh

Structar a' Chùrsa

Leasaichidh an Cùrsa seo grunn sgilean inntinneil. Brosnaichidh e ionnsachadh gnìomhach fhad 's a tha e a' leasachadh tuigse air comann-sòisealta co-aimsireil. Togaidh agus cleachdaidh luchd-ionnsachaidh eòlas buntainneach. Le bhith a' cleachdadh grunn stòran fiosrachaidh, leasaichidh iad sgilean rannsachaidh, luachaidh agus mion-sgrùdaidh gus cùisean poilitigeach, sòisealta agus eadar-nàiseanta a thuigsinn agus a mhìneachadh.

Le bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo leasaichidh luchd-ionnsachaidh tòrr sgilean cudromach a ghabhas toirt tarsainn, a' gabhail a-steach: a' rannsachadh, a' tuigsinn agus a' cleachdadh sreath mhòr de dh'fhiosrachadh/fhianais air cùisean co-aimsireil; a' luachadh, a' mion-sgrùdadh agus a' co-chur fianais gus dèanamh a-mach agus a mhìneachadh cho neo-eisimeileach 's a tha i; a' dèanamh cho-dhùnidhean agus a' tighinn gu co-dhùnidhean agus gan dìon le fianais thaiceil; a' cur argamaidean iom-fhillte ri chèile ann an dòigh cothromach le structar; agus a' cur bheachdan, bharailean, agus cho-dhùnidhean stèidhte air fianais an cèill, ann an caochladh dhòighean.

Thèid na sgilean gu h-àrd a leasachadh agus a chleachdadh tarsainn air co-theacsaichean poilitigeach, sòisealta agus eadar-nàiseanta sna h-Aonadan a leanas. Bheir gach Aonad cothroman cuideachd do luchd-ionnsachaidh a bhith ag amas air sgilean sònraichte.

Tha trì Aonadan riatanach sa Chùrsa seo. Anns gach Aonad tha sùbailteachd a thaobh chuspairean a dh'fhaodar sgrùdadh gus pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

Tha Aonadan nan cunntasan air slatan-tomhais airson measadh, 's chan ann nam prògraman ionnsachaidh agus teagaisg. Gabhaidh an libhrigeadh ann an grunn dhòighean.

Thèid na prionnsapalan gu h-àrd a chleachdadh anns na h-Aonadan gu h-ìosal:

Nuadh-eòlas: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte (Àrd Ìre)

San Aonad seo, cleachdaidh luchd-ionnsachaidh sreath de stòran fiosrachaidh sgrìobhte, àireamhach agus grafaigeach gus dèanamh a-mach agus a mhìneachadh cho neo-eisimeileach 's a tha iad, ann an co-theacsaichean poilitigeach co-aimsireil ann an Alba agus san RA. Cleachdaidh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse air deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte.

Sgrùdaidh luchd-ionnsachaidh cuspairean mar: suidheachdadh bun-reachdail na Rìoghachd Aonaichte, a' gabhail a-steach àite Pàrlamaid na h-Alba agus bhuidhnean eile le cumhachd thiomnaichte agus buaidh an RA a bhith na bhall den Aonadh Eòrpach; sgrùdadh air deamocrasaidh riochdachail; siostaman bhòtaidh agus am buaidh; buil grunn chùisean a

bheir buaidh air mar a bhòtas daoine; agus na dòighean san tèid innse do shaoranaich mun phròiseas phoilitigeach, mar a ghabhas iad pàirt ann agus mar a bheir iad buaidh air.

Nuadh-eòlas: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte (Àrd Ìre)

San Aonad seo, cleachdaidh luchd-ionnsachaidh sreath de stòran fiosrachaidh sgrìobhte, àireamhach agus grafaigeach gus co-dhùnaidhean mu chùisean sòisealta a dhèanamh agus a dhìon. Cleachdaidh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse air cùisean sòisealta taobh a-staigh na Rìoghachd Aonaichte agus na h-Alba.

Tha taghadh aig luchd-ionnsachaidh air cùis shòisealta: cuiridh co-theacsaichean airson sgrùdadh fòcas **an dàrna cuid** air neo-ionannachd shòisealta **no** air eucoir agus an lagh. Ann an co-theacsa neo-ionannachd shòisealta, cuiridh luchd-ionnsachaidh fòcas air feart co-aimsireil de neo-ionannachd shòisealta san RA agus a' bhuidheann aige air buidheann ann an comann-sòisealta. Cuiridh iad fòcas air cuspairean mar neo-ionannachd shòisealta; fianais, teòiridhean agus adhbharan airson neo-ionannachd; buaidh neo-ionannachd; agus na h-oidhirpean gus dèiligeadh ri neo-ionannachd agus cho èifeachdach 's a tha iad. Ann an co-theacsa eucoir agus an lagh, cuiridh luchd-ionnsachaidh fòcas air cuspairean mar àite an lagha ann an comann-sòisealta; staitistigs eucoir; teòiridhean agus adhbharan airson eucoir; buaidh eucoir; agus dòighean air dèiligeadh ri eucoir agus cho èifeachdach 's a tha iad.

Nuadh-eòlas: Cùisean Eadar-nàiseanta (Àrd Ìre)

San Aonad seo, cleachdaidh luchd-ionnsachaidh sreath de stòran fiosrachaidh sgrìobhte, àireamhach agus grafaigeach gus co-dhùnaidhean ann an co-theacsaichean eadar-nàiseanta a dhèanamh agus a dhìon. Cleachdaidh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse air cùisean eadar-nàiseanta.

Tha taghadh aig luchd-ionnsachaidh air cùis eadar-nàiseanta: cuiridh co-theacsaichean airson sgrùdadh fòcas **an dàrna cuid** air sgrùdadh poilitigeach agus sòis-eaconamach air tè de chumhachdan mòra an t-saoghail **no** air cùis cho-aimsireil mhòr san t-saoghal. Cuiridh an sgrùdadh air tè de chumhachdan mòra an t-saoghail fòcas air sgrùdadh air an t-siostam phoilitigeach agus na pròiseasan aice, air cùisean sòis-eaconamach o chionn ghoirid, agus air an àite aice ann an dàimhean eadar-nàiseanta. Cuiridh an sgrùdadh air cùis san t-saoghal fòcas air cùis no còmhstri mhòr, cho-aimsireil aig a bheil buaidh roinneil no chruinneil. Cuiridh an sgrùdadh seo fòcas air na h-adhbharan air cùl na cùise, air builean na cùise air na sgìrean a tha na lùib, cho math ris a' bhuidheann chruinneil, air an àite aig buidhnean eadar-nàiseanta ann an oidhirpean gus fuasgladh fhaighinn air a' chùis, agus air cho èifeachdach 's a tha buidhnean eadar-nàiseanta nan oidhirpean gus fuasgladh fhaighinn.

Cumhachan coileanaidh

Gus teisteanas a' Chùrsa fhaighinn, feumaidh an neach-ionnsachaidh na h-Aonadan a phasaigeadh gu lèir cho math ri measadh a' Chùrsa. Chithear na h-Aonadan riatanach ann an earrann cnàmhan a' Chùrsa. Bidh am

measadh Cùrsa na bhunait gus buileachadh a rangachadh ann an teisteanas a' Chùrsa.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh air sgilean, eòlas agus tuigse airson a' Chùrsa air a thoirt seachad ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*. Tha tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspair, an eòlas, agus an tuigse riatanach a thèid a chòmhdach sa Chùrsa, anns an earrainn seo.

Tha seo a' còmhdach:

- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh sgilean, eòlas agus tuigse tarsainn air co-theacsaichean poiliteagach, sòisealta agus eadar-nàiseanta
- ◆ a' mion-sgrùdadh, a' luachadh agus a' co-chur sreath mhòr de dh'fhianais, a dh'fhaodas a bhith sgrìobhte, àireamhach agus grafaigeach, gus dèanamh a-mach agus a mhìneachadh cho neo-eisimeileach 's a tha i, ann an co-theacsaichean poiliteagach air a bheilear no nach eilear eòlach
- ◆ a' rannsachadh, a' mion-sgrùdadh, a' luachadh agus a' co-chur sreath mhòr de dh'fhianais, a dh'fhaodas a bhith sgrìobhte, àireamhach agus grafaigeach, gus co-dhùnaidhean a dhèanamh agus a dhìon ann an co-theacsaichean sòisealta air a bheilear no nach eilear eòlach
- ◆ a' luachadh, a' mion-sgrùdadh agus a' co-chur sreath mhòr de dh'fhianais, a dh'fhaodas a bhith sgrìobhte, àireamhach agus grafaigeach, gus tighinn gu co-dhùnaidhean, agus an dìon, ann an co-theacsaichean eadar-nàiseanta air a bheilear no nach eilear eòlach
- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh eòlas agus tuigse fhìrinneach agus teòiridheach, agus a' toirt mhìneachaidhean agus mion-sgrùdadh mionaideach air na pròiseasan, stèidheachaidhean agus buidhnean deamocratach a tha an lùib beatha phoilitigeach na h-Alba agus na Rìoghachd Aonaichte
- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh eòlas agus tuigse fhìrinneach agus teòiridheach, agus a' toirt mhìneachaidhean agus mion-sgrùdadh mionaideach air cùis shòisealta mhòr san Rìoghachd Aonaichte, a' cur fòcas an dàrna cuid air neo-ionannachd shòisealta no air eucoir agus an lagh
- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh eòlas agus tuigse fhìrinneach agus teòiridheach, agus a' toirt mhìneachaidhean agus mion-sgrùdadh mionaideach air cùis eadar-nàiseanta, a' cur fòcas an dàrna cuid air sgrùdadh poiliteagach agus sòis-eaconamach air tè de chumhachdan mòra an t-saoghail no air cùis cho-aimsireil san t-saoghal

Bidh sgilean, eòlas agus tuigse a bhios sa Chùrsa a rèir ìre SCQF a' Chùrsa. Bheir sònrachaidhean ìre SCQF tuilleadh fiosrachaidh air feartan agus coileanadh ris am bi dùil aig gach ìre SCQF. (www.sqa.org.uk/scqf)

Measadh

Tha fiosrachadh mu mheasadh airson a' Chùrsa ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*. Bheir seo seachad làn mhion-fhiosrachadh, a' gabhail a-steach comhairle air mar a thèid buileachadh iomlan neach-ionnsachaidh airson a' Chùrsa a dhearbhadh.

Measadh Aonaid

Tha in-mheasadh ga dhèanamh air gach Aonad mu choinneamh nan cumhachan a chithear anns na Sònrachaidhean Aonaid.

Faodar am measadh Aonad mu seach no le co-mheasadh.

Thèid am measadh soirbheachail/neo-shoirbheachail anns na h-ionadan fhèin. Bheir SQA seachad dearbhadh-càileachd a-muigh mionaideach, a' gabhail a-steach firinneachadh a-muigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil breithneachaidhean measaidh cunbhalach agus a rèir ìrean nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan sa Chùrsa seo mar a leanas:

Nuadh-eòlas: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte (Àrd Ìre)

San Aonad seo, bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn gun urrainn dha:

- ◆ grunn stòran fiosrachaidh a chleachdadh gus dèanamh a-mach agus a mhìneachadh na tha ann de chothromachd ann an co-theacsaichean co-cheangailte ri deamocrasaidh ann an siostaman poilitigeach na h-Alba agus na Rìoghachd Aonaichte
- ◆ eòlas agus tuigse fhìrinneach agus teòiridheach air deamocrasaidh ann an siostaman poilitigeach na h-Alba agus na Rìoghachd Aonaichte a chleachdadh

Nuadh-eòlas: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte (Àrd Ìre)

San Aonad seo, bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn gun urrainn dha:

- ◆ grunn stòran fiosrachaidh a rannsachadh agus a chleachdadh gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mu chùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte, agus an dìon, a' cur fòcas an dara cuid air neo-ionannachd shòisealta no air eucoir agus an lagh
- ◆ eòlas firinneach agus teòiridheach agus tuigse air cùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte a chleachdadh, a' cur fòcas an dara cuid air neo-ionannachd shòisealta no air eucoir agus an lagh

Nuadh-eòlas: Cùisean Eadar-nàiseanta (Àrd Ìre)

San Aonad seo, bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn gun urrainn dha:

- ◆ grunn stòran fiosrachaidh a chleachdadh gus co-dhùnaidhean mu chùisean eadar-nàiseanta a dhèanamh agus a dhìon, a' cur fòcas an dara cuid air tè de chumhachdan mòra an t-saoghail no air cùis chruinneil chudromach
- ◆ eòlas agus tuigse fhirinneach agus teòiridheach air cùisean eadar-nàiseanta a chleachdadh, a' cur fòcas air tè de chumhachdan mòra an t-saoghail no no air cùis chruinneil chudromach

Tha eisimpleirean de dhòighean measaidh airson nan Aonadan seo rim faighinn anns a' *Ghoireas Measaidh Nàiseanta*.

Measadh Cùrsa

Tha measadh air luach-leasaichte¹ ann an Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 gu Àrd Ìre Adhartach. Aig Nàiseanta 5, Àrd Ìre agus Àrd Ìre Adhartach thèid an luach-leasaichte a mheasadh ann am measadh a' Chùrsa. Feumaidh an luach-leasaichte airson a' Chùrsa dèiligeadh ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa mar a tha iad gam mìneachadh ann am Feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon no barrachd à farsaingeachd, dùbhlàn no cleachdadh. Ann an Cùrsa Nuadh-eòlas Àrd Ìre, bidh luach-leasaichte a' cur fòcas air:

- ◆ farsaingeachd
- ◆ dùbhlàn
- ◆ cleachdadh

Leudaichidh agus cleachdaidh an neach-ionnsachaidh na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha e air faighinn tron Chùrsa. Thèid seo a mheasadh le pàipear-cheistean agus pìos-obrach². Iarraidh am pàipear-chèist³ gun seall iad farsaingeachd de sgilean, eòlas agus tuigse bho air feadh a' Chùrsa. Iarraidh am pìos-obrach gun leudaich agus gun cleachd luchd-ionnsachaidh na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse aca, agus bidh e fosgailte gu leòr gus pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

¹ Gheibhear mìneachaidhean an seo: <http://www.sqa.org.uk/jargonbuster>

² Faic an ceangal gu h-àrd airson mhìneachaidhean.

³ Faic an ceangal gu h-àrd airson mhìneachaidhean.

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair

Tha dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean a bhios luchd-ionnsachaidh a' leasachadh agus a' leudachadh tron Chùrsa stèidhte air *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA agus tha iad bho na prìomh raointean sgilean gu h-ìosal. Feumar iad seo fhisge a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh ann.

1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh

2 Àireamhachd

- 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd

- 4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 A' cleachdadh
- 5.4 A' mion-sgrùdadh agus a' luachadh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann an *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA. Bidh ìre nan sgilean sin freagarrach airson ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' fighe a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair airson a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Administrative information

Published: September 2014 (version 1.2)

History of changes to National Course Specification

Course details	Version	Description of change	Authorised by	Date
C749 76	1.1	Minor amendments to the wording of Unit descriptions and Outcomes to align with Unit Specifications.	Qualifications Development Manager	April 2014
	1.2	Scottish Studies Award Unit contributing information added. No other changes made to document content.	Qualifications Manager	September 2014

This specification may be reproduced in whole or in part for educational purposes provided that no profit is derived from reproduction and that, if it is reproduced in part, the source is acknowledged. Additional copies of this Course Specification can be downloaded from SQA's website at www.sqa.org.uk.

Note: You are advised to check SQA's website (www.sqa.org.uk) to ensure you are using the most up-to-date version of the Course Specification.

© Scottish Qualifications Authority 2014